



PLANA COIMHEARSNACHD SIORRACHD ÀIR AN EAR

Leas-phàipear Ath- bhreithneachaidh 2006/07

DEALBHADH COIMHEARSNACHD ANN AN SIORRACHD ÀIR AN EAR – ‘AON CHOMHAIRLE, AON PHLANA’

Tha am Plana Coimhearsnachd dà-bhliadhna-deug, air fhoillseachadh le Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd ann an Siorrachd Àir an Ear sa Ghiblean 2003, air aithneachadh mar an sgrìobhainn dealbhaidh ro-innleachdach uachdarail airson a bhith a' libhrigeadh seirbheisean poblach ann an Siorrachd Àir an Ear, agus a' mìneachadh an lèirsinn iomlan airson na sgìre ionadail, mar a leanas:

“Is e àite le coimhearsnachdan làidir, spreigeach a bhios ann an Siorrachd Àir an Ear, far a bheil deagh chàilleachd beatha aig gach neach agus cothrom air roghainnean, cothroman agus seirbheisean àrd-inbhe a tha seasmhach, ruigsinneach agus a' coinneachadh ri feumalachdan dhaoine.”

Aig toiseach tòiseachaidh an Dealbhaidh Choimhearsnachd sa Ghiblean 2003, nochd Com-pàirtichean dealas airson a bhith a' dèanamh ath-bhreithneachadh air a' Phlana Choimhearsnachd agus Planaichean Gnìomha buntainneach, air stèidh ceithir bliadhna. Chaidh a' chiad ath-bhreithneachadh leithid seo a dhèanamh thairis air 2006/07 gus dèanamh cinnteach gum bi am Plana Coimhearsnachd fhathast 'freagarrach airson an adhbhair' agus tha seata ath-sgrùdaichte de Phlanaichean Gnìomha deiseil airson a bhith air am buileachadh gu h-iomlan ro 1 Giblean 2007.

Dhaingnich co-chomhairleachadh farsaing le Coimhearsnachdan, Com-pàirtichean agus prìomh luchd-co-roinn eile gu bheil an lèirsinn agus na prìomhachasan againn a chaidh a chomharrachadh ann an 2003 fhathast cho buntainneach an-diugh 's a bha iad an uairsin. Mar sin, tha am Plana Coimhearsnachd fhathast aimsireil agus bu chòir an leas-phàipear ath-bhreithneachaidh a bhith air a leughadh còmhla ris an tùs-sgrìobhainn.

Tha am Plana Coimhearsnachd a' toirt seachad frèam ro-innleachdach airson 's gun tèid seirbheisean a libhrigeadh leis na buidhnean Com-pàirteachais uile. Tha na Planaichean Gnìomha cuspaireil buntainneach a' toirt fiosrachadh mionaideach seachad mu na gnìomhan a tha na Com-pàirtichean a' dol a thoirt air adhart còmhla, thairis air 2007-2011, gus aghaidh a chur ris an raon de phrìomhachasan a chaidh aithneachadh, ach chan eil iad a' riochdachadh nan gnìomhan uile a chaidh a libhrigeadh leis na Com-pàirtichean gus an lèirsinn airson Siorrachd Àir an Ear a thoirt gu buil.

Tha na prìomh ghnìomhan aig buidhnean fa leth air am mìneachadh taobh a-staigh an raoin de phlanaichean seirbheise a tha aig na buidhnean Com-pàirteachais, a tha a' ceangal a-steach ris a' Phlana Choimhearsnachd. Taobh a-staigh frèam Dealbhaidh Coimhearsnachd, tha dòighean-obrach leithid am Plana Seirbheis Cloinne Amalaichte (Integrated Childrens Service Plan) agus Co-amannan ri Teachd (Joint Futures) a' toirt cothroman a bharrachd gus seirbheisean amalachadh airson dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuannachd as motha aig luchd-cleachdaidh sheirbheisean.

NA PRIONNSABALAN STIÙIRIDH AGUS NA DEALASAN A THA AGAINN CÒMHLA

Tha Dealbhadh Coimhearsnachd a' toirt còmhla na roinnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach gus na rudan a dh'fheumas a bhith air an dèanamh a chomharrachadh agus a phrìomhachasadh, agus gus gnìomhan a dhealbhadh, a cho-òrdanachadh agus a libhrigeadh airson na prìomhachasan comharraichte a choinneachadh. Tha na prionnsabalan stiùiridh againn, mar a tha air am mìneachadh sa Phlana Choimhearsnachd, fhathast buntainneach, le com-pàirteachas coimhearsnachd èifeachdach aig cridhe na cùise.

Gus dèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas Dealbhaidh Coimhearsnachd co-chòrdail agus fhathast a' coinneachadh ri feumalachdan gach neach a tha a' fuireach ann an Siorrachd Àir an Ear, tha dealas againn airson a bhith ag obair ann an dòigh a nì cinnteach gu bheil sinn:

- a' brosnachadh ceartas sòisealta agus in-ghabhaltas sòisealta;
- a' dèanamh cinnteach à com-pàirteachas coimhearsnachd èifeachdach a thaobh dealbhadh agus leasachadh sheirbheisean ionadail;
- a' soirbheachadh le bhith ag obair còmhla agus a' com-pàirteachadh dhaoine;
- a' dèanamh cinnteach à càileachd agus ruigsinneachd;
- a' toirt seasmhachd a-steach do na tha sinn a' dèanamh; agus
- a' libhrigeadh leasachadh leantainneach agus an luach as fheàrr.

Ri linn soirbheachas a bhith ag obair còmhla, tha Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd Siorrachd Àir an Ear air raon de dhealasan ro-innleachdach a chomharrachadh, mar a leanas:

- **seirbheisean co-roinnte le rèiteachaidhean stiùiridh co-roinnte:** ag obair còmhla gus seirbheisean ionadail a dhealbhadh, a leasachadh agus a' libhrigeadh còmhla ann an dòigh nas fheàrr;
- **aitreabhan co-roinnte:** a' dèanamh cinnteach gu bheil ruigsinneachd nas fheàrr ann do raon de sheirbheisean poblach tro bhith suidhichte san aon àite;
- **reusantachadh phlanaichean agus structaran:** a' meudachadh dreuchd a' Phlana Choimhearsnachd mar an sgrìobhainn dealbhaidh ro-innleachdach uachdarail airson Siorrachd Àir an Ear le bhith a' gabhail gach cothrom gus an àireamh de phlanaichean agus ro-innleachdan a thathar a' leasachadh a reusantachadh agus a lùghdachadh tro bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Coimhearsnachd iomlan agus a' gabhail a-steach prìomhachasan ionadail, roinneil agus nàiseanta ann an dòigh èifeachdach;
- **co-chomhairleachadh agus com-pàirteachas còmhla:** a' barrantachadh Suirbhìdh Luchd-còmhnaidh còmhla gus ceistean agus beachdan ionadail a chomharrachadh, agus a' stèidheachadh Panal Luchd-còmhnaidh gus dèanamh cinnteach à dòigh-làimhseachaidh co-òrdanaichte a thaobh co-chomhairleachadh ionadail;
- **trèanadh còmhla:** a' toirt seachad raon de chothroman trèanaidh thairis air buidhnean Com-pàirteachais airson dùblachadh de na h-aon gnìomhan a sheachnadh agus gus cothroman a thoirt seachad gus ceanglaichean a thogail;
- **roinneadh fiosrachaidh còmhla:** a' toirt staitistearan agus luchd-obrach rannsachaidh agus sgrùdaidh nam buidhnean Com-pàirteachais còmhla gus fiosrachadh a roinn mu raointean gnìomha cudromach, gus prìomh staitistig a thoirt seachad airson sgìre Siorrachd Àir an Ear a chumas fios ri dealbhadh agus libhrigeadh sheirbheisean agus gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail sùil air prògraman agus a' dèanamh measadh èifeachdach orra; agus

- **sgrùdadh agus measadh còmhla:** a' nochdadh dealas airson aon phròiseas sgrùdaidh agus measaidh airson pròiseactan a tha air am maoineachadh còmhla.

AN ÀRAINNEACHD AIR AN TAOBH A-MUIGH

Bho chaidh am Plana Coimhearsnachd fhoillseachadh sa Ghiblean 2003, tha grunn chlàran-gnothaich ùr a' tighinn am bàrr agus tha Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd airson aghaidh a chur riutha. A bharrachd, tha Com-pàirteachas a-nis glèidhte ann an reachdas tro **Achd nan Riaghaltasan Ionadail, 2003**.

Tha trì prìomh eileamaidean san Achd, agus tha gach aon dhiubh a' toirt taic do bhith a' coileanadh na lèirsinn againn do Shiorrachd Àir an Ear:

- Dleastanas airson Dealbhadh Coimhearsnachd, a tha a' dèanamh cinnteach à dealas san ùine-fhada airson obrachadh com-pàirteachail èifeachdach le Coimhearsachdan agus eadar Com-pàirtichean;
- Dleastanas airson an Luaich as Fheàrr, a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh leantainneach ga dhèanamh air libhrigeadh sheirbheisean; agus
- Cumhachd gus Mathas a Thoir air Adhart, a tha a' toirt cothrom don ùghdarras ionadail obair a dhèanamh leis na Com-pàirtichean aige ann an dòigh nas inleachdaiche agus nas cruthachaile ann a bhith a' freagairt feumalachdan nan coimhearsnachdan againn.

Fhad's a tha an Achd a' toirt seachad frèam reachdail làidir agus taiceil airson Dealbhadh Coimhearsnachd, tha i ga chur mar riatanas air Com-pàirtichean na riatanasan reachdail aice a choinneachadh. Tha an dealas againn airson Dealbhadh Coimhearsnachd fhathast daingnichte agus tha Com-pàirtichean air pròiseas làidir a stèidheachadh a tha mar-thà a' nochdadh buannachdan dha-rìreabh agus a tha air aithneachadh gu nàiseanta. Tha seo air a thaisbeanadh gu soilleir anns na toraidhean aig **Sgrùdadh air Luach as Fheàrr agus Dealbhadh Coimhearsnachd 2006**.

Comhairle Siorrachd Àir an Ear: An Sgrùdadh air Luach as Fheàrr agus Dealbhadh Coimhearsnachd, 2006

"Tha Com-pàirtichean ag aithris gu bheil fìor dheagh rianachd agus structar aig a' Chomhairle agus gu bheil deagh thaic aice bhon Ionad Dealbhadh Coimhearsnachd"

"Is e prìomh neart a tha ann an obrachadh còmhla agus tha seo follaiseach ann an dealbhadh coimhearsnachd..."

Tha fianais ann gu bheil a' Chomhairle a' dèanamh math a thaobh dealbhadh coimhearsnachd agus obrachadh còmhla"
Toraidhean Coimisean nan Cunntasan

"Tha i a' dèanamh sònraichte math a thaobh Dealbhadh Coimhearsnachd"

"Tha i air adhartas cudromach a dhèanamh a thaobh Dealbhadh Coimhearsnachd far a bheil i fada air thoiseach air Comhairlean eile."

Agallamh le sgioba Sgrùdadh Alba a tha air cùl Aithisg Siorrachd Àir an Ear

A bharrachd, shoilleirich an **ath-bhreithneachadh nàiseanta de Chom-pàirteachasan Dealbhadh Coimhearsnachd le Sgrùdadh Alba ann an 2006** raon de cheistean nàiseanta ris am feumar aghaidh a chur ma tha Dealbhadh Coimhearsnachd dol a

leasachadh nas fhaide mar rud a stiùireas air adhart dealbhadh agus lìbhrigeadh seirbheis nas ceangailte ri chèile. Shoilleirich an ath-bhreithneachadh grunn raointean de dheagh chleachdadh taobh a-staigh Siorrachd Àir an Ear agus is urrainn dhuinn mar-thà adhartas cudromach a shealltainn gu h-iomlan agus sna raointean a tha air am mìneachadh san aithisg nàiseanta. Is e an dùbhlán do Chom-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd ann an Siorrachd Àir an Ear leantainn air adhart a' sealltainn gun urrainn dhuinn na nithean a leanas a dhèanamh còmhla:

- togail air a' chleachdadh shoirbheachail againn a thaobh com-pàirteachas coimhearsnachd agus dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan ionadail mothachail mu agus an lùib a' phròiseas Dealbhaidh Coimhearsnachd;
- dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean iomchaidh a' dol gu h-iomlan an lùib Dealbhaidh Coimhearsnachd agus an com-pàirteachas aca sa phròiseas a neartachadh;
- dreuchd nas dìriche a bhith againn a thaobh nan seirbheisean amalaichte a dhealbhadh agus a cho-òrdanachadh, mar eisimpleir, tro aontaidhean mu bhuilean, gus prìomhachasan aontaichte a choileanadh, a tha air an co-roinn le Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd;
- cunntasachd deamocratach Dealbhaidh Coimhearsnachd a neartachadh le bhith a' togail air mandat deamocratach agus dreuchd ceannardail coimhearsnachd an ùghdarrais ionadail; agus
- cuideachadh gus na h-iomadh com-pàirteachasan agus structaran a tha ann aig ìre ionadail agus nàiseanta a reusantachadh.

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba an **Aithris Poileasaidh Ùrachaidh do Dhaoine agus Àiteachan** aige sa Mhàrt 2006. Tha an aithris phoileasaidh ag aithneachadh gum feumar fàs a thoirt air an eaconamaidh, a dhol an sàs ann am bochdainn agus mì-leasachadh agus coimhearsnachdan measgaichte agus seasmhach a chruthachadh airson coimhearsnachdan ùrachadh, agus tha seo uile a' tighinn dìreach a rèir nam prìomhachasan ionadail a tha air am mìneachadh sa Phlana Choimhearsnachd.

Is e prìomhachas àrd a tha ann an ùrachadh Meadhan Baile Chill Mheàrnaig gus breabadh a thoirt do dh'fhàs eaconamach, tro bhith a' gabhail brath air cho faisg 's a tha e air Slighe Chuaidh, agus tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic dhan a seo san Aithris Poileasaidh Ùrachaidh aige. Tha obair air an raon chudromach seo air a dhol air adhart gu ìre mhath. Cuideachd, bidh buaidh chudromach aig na planaichean againn gus meadhan baile Chumnaig ùrachadh mar mheadhan chudromach airson nan coimhearsnachdan dùthchail againn ann an ceann a deas na sgìre.

Air feadh na sgìre, tha dachannan agus teaghlaichean ann a tha nas buailtiche a bhith gun obair, no ann an obair le pàigheadh ìseal, neo a bhith a' fulang droch shlàinte, droch thaigheadas, ìrean ìseal de shealbhachd chàraichean agus buailteachd do dh'eucoir agus giùlain mì-shòisealta. Mar thoradh air a seo, tha iad nas buailtiche càileachd beatha nas ìsle a bhith aca agus roghainnean beatha nas ìsle, agus cothroman eaconamach, foghlaim agus sòisealta nas cuingealaichte.

Tha Com-pàirtichean a' cur air adhart Ùrachadh Coimhearsnachd tro Dhealbhadh Coimhearsnachd gus aghaidh a chur ri ceistean leithid seo, gu h-àraid tro **Aonta Builean Ùrachaidh (ABÙ)** agus na goireasan Maoin Ùrachaidh Coimhearsnachd buntainneach, a tha a' toirt seachad maoin cuimsichte gus cur ri maoin mòr-shluaigh agus taic a thoirt do dh'ùrachadh aig ìre nas ionadaile. Is e amas an ABÙ aghaidh a chur ris a' bhochdainn chudromach a thathar a' fulang ann an coimhearsnachdan thar Siorrachd Àir an Ear le

bhith a' dùnadh a' bheàirn chothroman eadar iad agus na coimhearsnachdan as beartiche.

Tha clàr-chùisean **Atharrachadh Seirbheisean Poblach** aig Riaghaltas na h-Alba, a tha ag amas air leasachadh a bharrachd air seirbheisean poblach tro obrachadh còmhla a dhèanamh nas fhasa, a' suidhe gu comhfhurtail le clàr-chùisean iomlan Dealbhadh Coimhearsnachd Siorrachd Àir an Ear. Is e an aon amas a tha aig Riaghaltas na h-Alba agus Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd gu h-ionadail gus seirbheisean a leasachadh agus eadar-dhealachadh dha-rìreabh a dhèanamh air sgàth luchd-cleachdaidh agus coimhearsnachdan. Thathar ag aithneachadh gu bheil mòran de na dùbhlain as motha againn leithid leasachadh slàinte, cur às do bhoichdainn agus ùrachadh nan coimhearsnachdan as bochdne againn, a' cur feum air seirbheisean poblach làidir agus chan urrainn do aon bhuidheann, ag obair leatha fhèin aig ìre ionadail no nàiseanta, sin a dhèanamh leatha fhèin. Gus a dhol an sàs ann an duilgheadasan iom-fhillte, ioma-thaobhach, agus gus dèanamh cinnteach nach eilear a' dèanamh dùblachadh air oidhirp, feumaidh seirbheisean poblach a bhith sùbailte, a' com-pàirteachadh choimhearsnachdan ionadail agus luchd-cleachdaidh seirbheise, agus obrachadh còmhla thairis air crìochan cumanta gus prìomhachasan aontaichte a choinneachadh. Tha e riatanach gum bi atharrachadh cultarail taobh a-staigh bhuidhnean agus riaghaltas gus cur às do chnapan-starra a thaobh obair com-pàirteachail.

Tha Riaghaltas na h-Alba mar-thà air sruthan obrach a thòiseachadh gus taic a chur ris na h-amasan airson seirbheisean poblach ath-leasachadh, agus iad ag amas air:

- cothroman aithneachadh agus a thoirt gu bith a thaobh leasachaidhean seirbheise agus sàbhalaichean èifeachdais, rim buannachd tro bhith a' co-roinn iomairtean seirbheise, agus a' saoradh ghreisean airson an tasgadh anns na seirbheisean as bunaitiche;
- brosnachadh a thoirt air leasachadh sheirbheisean co-roinnte, pròiseasan agus siostaman a sheasas ri atharrachadh ann an structaran agus crìochan lìbhrigidh, agus a tha nas comasaiche air feumalachdan seirbheisean poblach ceangailte a choinneachadh; agus
- togail air na h-ìrean agus a' bhun-structair a thathar a' cur an àite tro iomairtean Ùrachadh Riaghaltais, Neach-ceannach an Toiseach agus Cùram-d, agus beachd-smuaintean a chaidh a leasachadh tron Mhaoin Riaghaltas Èifeachdach.

Tha Com-pàirtichean ann an Siorrachd Àir an Ear mar-thà air mòran a dhèanamh gus atharrachadh a thoirt air seirbheisean poblach ann an Siorrachd Àir an Ear tron phròiseas Dealbhadh Coimhearsnachd agus tha dealas aca airson leantainn air adhart ag obair còmhla, agus le Riaghaltas na h-Alba, gus na h-amasan sin a choinneachadh agus gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh an lèirsinn airson na sgìre a lìbhrigeadh.

Chaidh **na h-ìrean Nàiseanta airson Com-pàirteachas Coimhearsnachd** a chur air bhog le Riaghaltas na h-Alba agus Coimhearsnachdan Alba sa Chèitean 2005. Tha na h-Amasan ag amas air cuideachadh a thoirt do leasachadh choimhearsnachdan agus bhuidhnean ann a bhith a' lìbhrigeadh sheirbheisean poblach, agus taic a thoirt do dhàimhean obrach nas fheàrr. Is e aithrisean coileanaidh a ghabhas tomhais a tha annta, a dh'fhaodas gach neach a tha an lùib com-pàirteachas coimhearsnachd a chleachdadh gus inbheachd agus pròiseas a' chom-pàirteachais a leasachadh le bhith a' mìneachadh nam prìomh phrionnsabalan, modhan-giùlain agus ceumannan pragtaigeach a tha ga dhaingneachadh.

Tha Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd ag aithneachadh gu bheil na h-Ìrean Nàiseanta airson Com-pàirteachas Coimhearsnachd a' soilleireachadh deagh chleachdadh ann an co-chomhairle agus com-pàirteachas coimhearsnachd, agus tha iad air dèanamh cinnteach gun coileanar na ceumannan seo aig a' char as lugha, mar ghnìomh com-pàirteachas coimhearsnachd ann an Siorrachd Àir an Ear. A thuilleadh air a seo, is e goireas cudromach a tha annta airson Com-pàirtichean a chuideachadh gus an èifeachdas co-roinnte aca ann an gnìomh com-pàirteachail a thomhas.

Is e modh-obrach a tha ann an **Dearbhadh Atharrachadh Aimsire na h-Alba**, a tha deasaichte le Lìonra Alba Seasmhach (LAS), airson 's gun urrainn do dh'ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach eile dealas a thaisbeanadh airson ro-innleachdan freagarrach a leasachadh gus buaidh nan gnìomhan aca air an àrainneachd a lùghdachadh agus, gu sònraichte, gus buaidhean atharrachadh san aimsir a lùghdachadh. Tha dealas aig Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd gus fuasglaidhean gas 'greenhouse' bho na toglaichean, seirbheisean agus gnìomhan aca a lùghdachadh. Tha na prìomh dhealasan air am bheil feum, gus na dleastanasan againn san raon chudromach seo a choinneachadh, air an gabhail a-steach sa Phlana Gnìomha Àrainneachd.

NA DÙBHLAIN

Tha àrainneachd de inbhe àrd aig Siorrachd Àir an Ear le Com-pàirtichean a' toirt seachad sàr-sheirbheisean, nam measg seirbheisean slàinte, foghlaim, sòisealta, cultarail agus cur-seachad. Ann an Suirbhìdh Luchd-còmhnaidh 2005, thuir 83% den luchd-fhreagairt gu bheil an inbhe beatha sa bhaile aca math. Tha fios againn gu bheil spiorad coimhearsnachd làidir sna bailtean agus na nàbachdan air feadh na sgìre agus chaidh seo a dhearbhadh ann an Suirbhìdh an Luchd-còmhnaidh, far an tuir 58% den luchd-fhreagairt gun robh iad moiteil a bhith a' fuireach san nàbachd aca.

Chaidh mòran a choileanadh bho 2003 nuair a chuireadh am Plana Coimhearsnachd air bhog an toiseach agus is urrainn dhuinn soirbheachadh cudromach a shealltainn tro obair ann an com-pàirteachas. Tha bun-stèidh làidir againn airson togail air ach tha sinn ag aithneachadh gu bheil mòran ann ri dhèanamh fhathast ma tha sinn a' dol a choileanadh na lèirsinn airson Siorrachd Àir an Ear.

Lùghdachadh Sluaigh

Thathar air sealltainn gu bheil àireamh-sluaigh Siorrachd Àir an Ear air lùghdachadh agus air fàs nas sine sna bliadhnaichean mu dheireadh. Chaidh an sluaigh aois-obrach sìos 3% thairis air 1993-2003, nas luaithe na an lùghdachadh air taobh Siar na h-Alba agus an aghaidh an àrdachaidh bhig air feadh na h-Alba (1%). San aon tràth thàinig àrdachadh de 15% air na buidhnean-aoise 50-59/60-64, agus thàinig lùghdachadh 16% air a' buidhinn-aoise 16-24 agus lùghdachadh 5% air a' bhuidhinn-aoise 29-54. Thathar an dùil gun lean na pàtrain seo sna bliadhnaichean ri teachd.

Stèidhichte air na tuairmsean mu dheireadh a tha rim faotainn, thathar an dùil gun tuit àireamh-sluaigh Siorrachd Àir an Ear gu susbainteach eadar 2002 agus 2018 (sìos 7.8%). Tha seo an coimeas ri lùghdachadh de 2.4% a thathar a' sùileachadh gu nàiseanta thairis air an aon tràth. Thathar cuideachd an dùil gun tuit an àireamh-sluaigh aois-obrach ionadail 7% eadar 2003 agus 2013 agus nas luaithe na an lùghdachadh a thathar a' sùileachadh ann an Taobh Siar na h-Alba (sìos 4%). Tha na staitistig seo air an dèanamh

nas iom-fhillte seach gu bheil an rathad sa bheil atharrachadh sluaigh a' gluasad diofraichte thairis air bannan-aoise; thathar an dùil gum bi lùghdachadh an dà chuid sna buidhnean 21-24 agus 25-49, fhad's a thathar an dùil gun àrdaich am bann-aoise 50 gu aois deireadh-dreuchd, a' sìor àrdachadh sluaigh nas sine ann an Siorrachd Àir an Ear.

Slàinte

A thaobh nan trì prìomh rudan a tha ag adhbhrachadh bàs aig aois ro òg ann an Alba, sin aillse, tinneas cridhe agus sròc, tha pàtrain nàiseanta a' sealltainn gluasad sìos agus ma leanas seo thathar an dùil gun tèid amasan 2010 Riaghaltas na h-Alba a choileanadh, sin, eadar 1995 agus 2010, gum bi lùghdachadh 20% ann am bàs bho aillse; lùghdachadh 60% ann am bàs bho thinneas cridhe; agus lùghdachadh 50% ann am bàs bho shròc. (Tobar: A' Libhrigeadh Alba Fhallain: A' Coinneachadh ris an Dùbhlán: Riaghaltas na h-Alba, 2006).

Ann an Siorrachd Àir an Ear, tha am pàtran seo follaiseach cuideachd, le ìrean bàis gach 100,000 den t-sluaigh fo aois 75 a' lùghdachadh gu mòr thairis air na trì tinneasan. Gu sònraichte, tha ìrean bàis aig aois ro òg a thaobh tinneas cridhe air lùghdachadh bho 140 gach 100,000 den t-sluaigh ann an 1996 gu 85 ann an 2004, a tha beagan nas ìsle na an ìre ann an 2004 airson Alba aig 86 gach 100,000. Tha ìrean bàis am measg an t-sluaigh a tha fo aois 75 cuideachd air lùghdachadh bho 188 gach 100,000 ann an 1996 gu 166 gach 100,000 ann an 2004, a tha a-rithist nas ìsle na an reata Albannach ann an 2004 de 172 gach 100,000; agus tha bàis òg air sàilleabh sròc air lùghdachadh bho 42 ann an 1996 gu 28 gach 100,000 ann an 2004, a tha co-ionann ri reat 2004 airson na h-Alba. (Tobar: Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson na h-Alba (OCCA).

Neo-ionannasan Slàinte

Ach tha fianais ann a dh'fhaodadh a bhith a' sealltainn, ge-tà, gur e an dùbhlán as motha fhathast do dh'Alba agus do Shiorrachd Àir an Ear a bhith a' dol an sàs ann an neo-ionannasan slàinte agus am beàrn slàinte a dhùnadh eadar na coimhearsnachdan as beartiche agus as bochdne. Mar eisimpleir, nuair a choimheadas sinn a-rithist air na trì prìomh nithean a tha ag adhbhrachadh bàs aig aois ro òg ann an Alba, an turas seo a' dèanamh coimeas eadar na sgìrean as beartiche agus as bochdne, a rèir coltais ged a tha reataichean bàis cumanta airson aillse san t-sluaigh as bochdne fo aois 75 air lùghdachadh 7.4% eadar 2003 (nuair a chaidh amasan a shuidheachadh), agus 2005, leudaich am beàrn neo-ionannais ann an 2003/04 air sgàth lùghdachadh nas motha am measg an t-sluaigh as beartiche. Thuit reataichean bàis air sàilleabh tinneas cridhe cuideachd am measg an t-sluaigh as beartiche agus as bochdne; ach, tha lùghdachadh nas motha am measg an t-sluaigh as bochdne eadar 2003 agus 2005 air ciallachadh gu bheil am beàrn neo-ionannais air fas nas caoile. (Tobar: A' Libhrigeadh Alba Fhallain: A' Coinneachadh ris an Dùbhlán: Riaghaltas na h-Alba, 2006).

Ann an Siorrachd Àir an Ear, tha neo-ionannasan nochdte ann an slàinte eadar na coimhearsnachdan as beartiche agus as bochdne. Mar eisimpleir, ma nì sinn coimeas eadar daoine gan toirt a-steach don ospadal airson tinneas cridhe ann an Riccarton agus Shortlees, le Lugton agus Dunlop, chithear gun tàinig àrdachadh mòr air reataichean dol-do-ospadal eadar 1991-1993 gu 2000-2002 anns gach 100,000 den t-sluaigh airson Riccarton agus Shortlees – bho 810 gu 1,004 – an coimeas ri Lugton agus Dunlop, far an do thuit reataichean bho 611 gu 371 gach 100,000, a tha cha mhòr trì tursan nas ìsle.

Nuair a thathar a' dèanamh coimeas air comharran eile san dà choimhearsnachd sin, is e an aon dealbh a thathar a' faicinn. Mar eisimpleir, thàinig àrdachadh air reataichean dol-do-ospadal, air sgàth tinneas an a' buntainn ri deoch làidir, bho 978 gu 1,308 gach 100,000 den t-sluagh ann an Shortlees agus Riccarton eadar 1990-1992 gu 1999-2001 agus thàinig lùghdachadh ann an Lugton agus Dunlop bho 550 gu 495 gach 100,000 den t-sluagh. Tha seo air ciallachadh gu bheil reata còrr is dà thuras gu leth nas àirde sa choimhearsnachd as bochdne. (Tobar: Dealbh Slàinte agus Mathais Comhairle Slàinte Siorrachd Àir an Ear: Slàinte Alba SNS, 2004).

An Eaconamaidh agus Ceistean Còmhdhail Ionadail

Tha Siorrachd Àir an Ear air a bhith, agus tha e fhathast, a' fulang droch bhuaidh bho lùghdachadh eachdraidheil mèinnearachd domhainn agus gnìomhachasan togail. Ged a thathar an dùil ri fàs 2% ann an obraichean ùra ro 2010, thathar an dùil gun tig lùghdachadh de 19% a bharrachd air a' ghnìomhachas togail. Anns an Dùbhlachd 2006, b' e an reata cion-cosnaidh an siathamh as àirde ann an Alba, aig 3.8% taca ris a' chuibheasach nàiseanta de 2.6%. (Tobar: NOMIS – reataichean tagraiche cùirte agus co-roinnean, Faoilleach 2007). Tha an cuibheasach seo a' falach ìrean gu math nas àirde de chion-cosnaidh agus bochdainn ann an coimhearsnachdan thairis air an sgìre).

Tha geàrr-thuairisgeul gnothachais agus gnìomhachais Siorrachd Àir an Ear air a chomharrachadh le fo-riochdachadh de ghnìomhachasan seirbheise, teicneolais agus gnothachais; dìleab de thalamh donn agus truaillichte nach eil sa chumantas freagarrach do chompanaidhean ùr-nodha; agus barrachd siubhail a-steach do Ghlaschu.

Tha dealas aig com-pàirtichean gus an eaconamaidh gu h-iomlan a leasachadh, le amas sònraichte, a thaobh gnothachas agus gnìomhachas, air a bhith a' gabhail brath air cothroman eaconamach taobh a-staigh Chill Mheàrnaig agus an fheadhainn a tha a' tighinn an lùib leudachadh an M77, agus air ùrachadh a thoirt air an eaconamaidh sna coimhearsnachdan mèinnearachd.

Is e an t-amas againn a' chuid as fheàrr a dhèanamh de na cothroman a tha ann an Siorrachd Àir fhèin a thaobh na h-àrainneachd nàdarra agus togte, an dualchas agus an cultar aige, agus an suidheachadh aige a thaobh so-mhaoin sgìreil, leithid raointean de dh'fhàs gnothachail agus obraichean ùra. Tha ar so-mhaoin leithid margaidhean seilbhe ag àrdachadh, àrainneachd nàdarra de dh'inbhe àrd, dualchas cultarail làidir agus cothroman cudromach airson gnìomhan cur-seachad agus turasachd air an aithneachadh agus feumaidh sinn togail air a' bhun-stèidh seo.

Ged a tha ceanglaichean conaltraidh math againn, is e an dùbhlán a thaobh còmhdhail a bhith a' leasachadh siostam còmhdhail a tha amalaichte agus seasmhach gus leasachadh a bharrachd a thoirt air ruigsinneachd do mheadhanan baile, gu h-àraid Cille Mheàrnag, agus na ceanglaichean rathaid agus tràna eadar coimhearsnachdan Siorrachd Àir an Ear agus nas fhaide air falbh. A bharrachd, tha ruigsinneachd nas fheàrr chun an M77 riatanach gus leigeil leis na coimhearsnachdan deas air an Ùghdarras buannachadh bho chothroman ann an Glaschu, agus nì ruigsinneachd nas fheàrr don M74 ruigsinneachd nas fhasa airson a dhol gu deas agus gu àiteachan eile an Alba.

Bochdainn agus Mi-leasachadh

Tha ìrean gu math nas àirde de bhochdainn ann an Siorrachd Àir an Ear seach an ìre chuibheasach airson na h-Alba. Tha àireamhan a chaidh a chur air dòigh ann an 2004 a'

sealltainn, taca ri ùghdarrasan eile an Alba, mar cho-roinn den t-sluagh bhuntainneach, gu bheil na nithean a leanas ann an Siorrachd Àir an Ear:

- an co-roinn co-ionann as àirde de dhaoine gun chosnadh a' tagradh airson sochairean;
- an co-roinn co-ionann as àirde de luchd-cùraim a' tagradh airson Cuibhreann Neach-cùraim;
- an dàrna co-roinn co-ionann as àirde de phàrantan nan aonar a' tagradh airson sochairean;
- an ceithreamh co-roinn co-ionann as àirde de dhachannan a' tagradh airson Sochair Cìs Comhairle;
- an còigeamh co-roinn co-ionann as àirde de dhachannan a' tagradh airson Sochair Taigheadais;
- an còigeamh co-roinn co-ionann as àirde de chloinn ann an teaghlaichean a' tagradh airson sochairean;
- an còigeamh co-roinn co-ionann as àirde de dhaoine a' tagradh airson sochairean tinneis/ciorraim;
- an siathamh co-roinn co-ionann as àirde den t-sluagh a' tagradh airson Taic Teachd-a-steach;
- an siathamh co-roinn co-ionann as àirde de dhaoine nas sine a' tagradh airson Cuibhreann Frithealaidh; agus
- an seachdamh co-roinn co-ionann as àirde de daoine a' tagradh airson Cuibhreann Ciorraim.

Nota: Tha 'Co-ionann as àirde' a' sealltainn gu bheil Siorrachd Àir an Ear aig an aon ìre ri raon de dh'ùghdarrasan ionadail eile ann an Alba.

Tobar: Sochairean agus Creideasan Cìse an Alba, Aithisg airson Gearran 2004 – Foillseachadh Staitistig Nàiseanta, Riaghaltas na h-Alba, Sultain 2004.

Tha Clàr na h-Alba airson Mì-leasachadh Iomadach 2006 (Scottish Index of Multiple Deprivation 2006 – SIMD2006) a' soilleireachadh gu bheil 18% (mu 1 às gach 5) de luchd-còmhnaidh Siorrachd Àir an Ear a' fuireach taobh a-staigh nan 15% de na sgìrean as bochdne ann an Alba agus tha an t-ochdamh co-roinn as motha den t-sluagh againn a tha air am meas mar an fheadhainn as mì-leasaichte. A bharrachd, tha ochd sgìrean ionadail aig Siorrachd Àir an Ear a tha air am meas mar am measg nan 5% de na sgìrean as bochdne ann an Alba agus dà fhichead sgìre ionadail san 20% de na sgìrean as bochdne. (Tobar: Clàr na h-Alba airson Mì-leasachadh Iomadach 2006, Riaghaltas na h-Alba, Dàmhair 2006).

Tha fìor eadar-dhealachaidhean ann am beairteas choimhearsnachdan thairis air Siorrachd Àir an Ear, le cuid a' fulang an deagh chuid bochdainn agus feadhainn eile glè bheairteach an coimeas riutha. Ann an ceann a tuath an Ùghdarrais, tha ìrean àrda de bhochdainn ri taobh slugh a tha a' siubhal gun obair agus a tha an ìre mhath beairteach, agus a tha a' dol am meud. Mar sin, is e an dùbhlain do Chom-pàirtichean, seirbheisean de dh'ìnbhe àrd a sholarachadh do na h-uile, ach le bhith ag amas goireasan a bharrachd do na coimhearsnachdan as bochdne, mar a tha mìnichte ann an Clàr na h-Alba airson Mì-leasachadh Iomadach, le amas a bhith a' dùnadh a' bheàirn chothroman a tha eadar iad fhèin agus na coimhearsnachdan as beairtiche. Ged a tha am Plana Gnìomha Cur Às Do Bhochdainn againn mothachail, bheir gnìomhan thairis air gach cuspair den Phlana Coimhearsnachd buaidh air a bhith a' dol an lùib bochdainn agus às-dùnadh.

Bheachdaich Com-pàirtichean air na dùbhlain gu h-àrd air fad nuair a bha iad a' leasachadh nam Planaichean Gnìomha cuspaireil ceithir-bliadhna againn agus obraichidh

sinn còmhla thairis air beatha a' Phlana Coimhearsnachd gus aghaidh a chur ris na ceistean seo.

NA PRÌOMH CHUSPAIREAN AGAINN

Rè 2003 gu 2007, tha sinn air raon farsaing de ghnìomhan a thoirt air adhart agus is urrainn dhuinn fìor adhartas a thaisbeanadh ann a bhith a' dol an lùib nan ceistean a tha mu choinneimh nan coimhearsnachdan againn còmhla. Tràth ann an 2006, cho-chomhairlich sinn leis na coimhearsnachdan againn, na com-pàirtichean againn agus prìomh luchd-co-roinn eile a thaobh nam prìomhachasan againn airson nan ceithir bliadhna den Phlana Choimhearsnachd a tha romhainn. Dh'aontaich a h-uile duine nach robh na prìomhachasan as cudromaiche air atharrachadh; mar sin, bidh na h-oidhirpean againn bho 2007 gu 2011 fhathast air an stiùireadh a thaobh nam prìomh amasan a leanas:

- A' Brosnachadh Ionnsachadh Coimhearsnachd
- A' Leasachadh Choimhearsnachdan
- A' Leasachadh Sàbhailteachd Coimhearsnachd
- A' Leasachadh Slàinte
- A' Cur Às Do Bhoichdainn
- A' Leasachadh na h-Àrainneachd

Tha e cudromach a bhith mothachail ge-tà, ged a thathar a' toirt air adhart gnìomh fo na cuspairean a leanas airson adhbharan dealbhaidh, tha sinn ag aithneachadh gu bheil cuid de nithean a' tuiteam fo bharrachd air aon chuspair agus nì sinn cinnteach gu bheil ag aithneachadh agus a' stiùireadh nan ceanglaichean a tha riatanach gus an lèirsinn againn a choileanadh. Obraichidh sinn gus na ceanglaichean sin a neartachadh thairis air na ceithir bliadhnaichean a tha romhainn, gu h-àraid eadar Slàinte agus Boichdainn agus thairis air a' chlàr-chùisean ùrachaidh iomlan.

A' Brosnachadh Ionnsachadh Coimhearsnachd

Amasan

Tha dealas againn airson dèanamh cinnteach gu bheil e comasach do dhaoine cothroman ionnsachaidh, stèidhichte sa choimhearsnachd, fhaighinn fad am beatha, agus gus saoranachd gnìomhach a thoirt air adhart, le bhith:

- a' toirt taic do leasachadh agus leantainneachd bhuidhnean stèidhichte sa choimhearsnachd;
- a' brosnachadh dhaoine fa leth gus a dhol an lùib chothroman ionnsachaidh agus gus càileachd am beatha agus am mathais fhèin a leasachadh;
- a' toirt taic do dhaoine fa leth sgilean litearraise agus àireamhachd fhaotainn, agus sgilean teicneolais fiosrachaidh agus conaltraidh (TFC);
- a' brosnachadh dhaoine gus feum a dhèanamh de na goireasan coimhearsnachd a tha ann mar-thà airson ionnsachadh coimhearsnachd agus leasachadh leis na com-pàirtichean uile; agus
- a' brosnachadh dhaoine òga a dhol an lùib ionnsachadh stèidhichte sa choimhearsnachd agus saoranachd gnìomhach.

A' Leasachadh Chothroman

Amasan

Tha dealas againn airson cothroman a leasachadh le bhith:

- a' fàs gnìomhachasan a tha ann mar-thà agus gnìomhachasan ùra agus a' toirt taic do thasgadh a-steach agus làthairean gnìomhachasan;
- ag àrdachadh coileanadh foghlaim ann an sgoiltean agus a' dèanamh cinnteach gun obraich solaraichean foghlaim agus gnìomhachasan còmhla gus an toiseach tòiseachaidh as fheàrr a thoirt do dhaoine òga a' tòiseachadh ag obair;
- a' tuigsinn feumalachdan cosnaidh gus na raointean sin far a bheil gainnead sgilean a chomharrachadh, no far a bheil e coltach gum bi san àm ri teachd, agus a' brosnachadh ruigsinneachd gu trèanadh gus an gainnead seo a choinneachadh;
- a' leasachadh raon de dh'iomairtean cosnaidh, a' gabhail a-steach an roinn saor-thoileach agus an eaconamaidh sòisealta, a tha air an dealbhadh gus a' choimhearsnachd a chuideachadh;
- a' tarraing tasgadh agus a' meudachadh chothroman ann an Siorrachd Àir an Ear le bhith a' leasachadh turasachd, cultar agus cur-seachad, taigheadas agus iomadachd dùthchail;
- a' tabhann freagairtean a thaobh còmhhdhail airson Siorrachd Àir an Ear, gu h-àraid ann an sgìrean dùthchail, a' dèanamh cinnteach gu bheil roghainnean àrd-inbhe agus aig prìs freagarrach rim faotainn; agus
- a' solarachadh, a' brosnachadh agus a' cuideachadh leasachadh foghlaim tràth agus cùram cloinne a tha a' toirt taic do chloinn agus teaghlaichean agus a chuidicheas pàrantan gus cothromachadh fhaotainn eadar beatha teaghlaich agus obair, trèanadh no foghlam.

A' Leasachadh Sàbhailteachd Coimhearsnachd

Amasan

Tha dealas againn airson àiteachan sàbhailte a chruthachadh airson a bhith a' fuireach, ag obair, agus a' cluiche annta, airson daoine de gach aois, le bhith a' lùghdachadh eucoir, a' leasachadh sàbhailteachd poblach agus a' leasachadh sàbhailteachd ann an nàbachdan agus dachannan. Nì sinn seo le bhith:

- a' dol an sàs ann an eucoir agus giùlain mì-shòisealta agus eagal ro eucoir agus giùlain mì-shòisealta;
- ag obair le daoine òga gus nach bi iad cho buailteach a dhol an lùib eucoir agus giùlain mì-shòisealta;
- a' leasachadh sàbhailteachd ann an nàbachdan agus dachannan; agus
- a' brosnachadh dìon chloinne agus sàbhailteachd inbhich so-leònte.

A' Leasachadh Slàinte

Amasan

Tha dealas againn airson slàinte agus mathais muinntir Siorrachd Àir an Ear a leasachadh le bhith:

- a' dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh ri fhaotainn ann an cruth freagarrach agus gu bheil seirbheisean air an solarachadh an uair a tha feum orra, agus far a bheil feum orra dhaibhsan a dh'fheumas iad, gus cothrom a thoirt do dhaoine roghainnean fallain a dhèanamh a thaobh an dòigh-beatha;
- a' strì airson co-ionannachd ann an slàinte sna sgìrean as bochdne ann an Siorrachd Àir an Ear le bhith ag amas air gnìomh gus aghaidh a chur ris na nithean a tha a' cur ris na duilgheadasan slàinte as miosa agus a' leasachadh seirbheisean taic agus cùraim airson nam buidhnean as so-leònte.

Tha am Plana Gnìomha Leasachadh Slàinte cuideachd ag obair mar an Co-phlana Leasachadh Slàinte airson Siorrachd Àir an Ear.

A' Cur às do Bhochdainn

Amasan

Obraichidh sinn gus cur às do bhochdainn le bhith:

- a' brosnachadh in-ghabhaltas ionmhasail, gu h-àraid taobh a-staigh nan coimhearsnachdan as bochdne;
- a' toirt taic do luchd-cùraim;
- a' dol an sàs ann an ceanglaichean eadar bochdainn, taigheadas, droch shlàinte agus cothroman; agus
- a' cur taic ri agus a' toirt leasachadh air siostaman a tha ann an àite gus an teachd-a-steach as fheàrr a thoirt bho shochairan, agus airson comhairleachadh mu fhiachan agus comhairle airgid.

A' Leasachadh na h-Àrainneachd

Tha dealas againn gus an àrainneachd a leasachadh le bhith:

- ag ùrachadh, a' dìon agus a' leasachadh na h-àrainneachd nàdarra agus togte tro leasachadh seasmhach;
- ag àrdachadh an tuaireim de sgudal a tha air ath-chuartachadh agus air ath-chleachdadh;
- a' dèanamh nan taighean, factaraidhean agus toglaichean againn nas èifeachdaiche air lùths a ghleidheadh agus a' leudachadh cleachdadh ghoireasan lùths ath-nuadhachail;
- ag obair gus dèanamh cinnteach gun coinnich sinn ri feumalachdan taigheadais gach neach a tha a' fuireach sna coimhearsnachdan againn;
- a' lùghdachadh na buaidh a tha aig còmh dhail air an àrainneachd le bhith a' leasachadh siostam còmh dhail a tha a' coinneachadh ri feumalachdan nàiseanta, roinneil agus ionadail;
- ag ùrachadh meadhanan nam bailtean againn, agus a' dèiligeadh ri aitreabhan a tha falamh agus a' tuiteam às a chèile;
- a' cur shiostaman an àite gus sgudal, graffiti agus milleadh a lùghdachadh, agus a' dèiligeadh ri duilgheadasan gu luath; agus
- a' leasachadh àiteachan-tadhail do luchd-turais agus a' tasgadh ann an gnìomhan cur-seachad agus cultarail.

Dealbhadh Coimhearsnachd – Ath-bhreithneachadh Leantainneach

Leanaidh Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd ag ath-bhreithneachadh agus ag aithris air coileanadh air stèidh bliadhnail, le ath-bhreithneachadh foirmeil airson nam Planaichean Gnìomha cuspaireil ceithir-bliadhna aig meadhan a' phrògraim, a tha air clàr airson 2009.

Tha dealas ann fhathast airson ath-bhreithneachadh a dhèanamh air a' Phlana Choimhearsnachd gach ceithir bliadhna, agus tha an ath ath-bhreithneachadh foirmeil air clàr-ama airson 2011.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Tha sia Planaichean Gnìomha, iùl deagh-chleachdaidh, agus Siorrachd Àir le Àireamhan an cois Plana Coimhearsnachd agus Leas-phàipear Ath-bhreithneachaidh Siorrachd Àir an Ear 2006/07. Tha seata iomlan de na sgrìobhainnean seo rim faotainn aig an leabharlann ionadail agus an oifis ionadail agaibh, no le bhith a' tadhal air www.eastayrshirecommunityplan.org.

Tha am Plana Coimhearsnachd agus Leas-phàipear Ath-bhreithneachaidh 2006/07 cuideachd rim faotainn air teip clastinne, agus gheibhear lethbhreac bhon leabharlann ionadail agus bhon oifis ionadail agaibh, agus gheibhear iad ann an clò nas motha le dhol gu www.eastayrshirecommunityplan.org.

Chaidh Plana Coimhearsnachd agus Leas-phàipear Ath-bhreithneachaidh Siorrachd Àir an Ear 2006/07 eadar-theangachadh cuideachd gu Ùrdu, Pùinsiabaidh, Sinis agus Gàidhlig agus a-rithist, gheibhear iad le dhol gu www.eastayrshirecommunityplan.org.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Dhealbhadh Coimhearsnachd ann an Siorrachd Àir an Ear, thig gu www.eastayrshirecommunityplan.org no cuir fios gu:

Ionad Dealbhadh agus Com-pàirteachas Coimhearsnachd
Prìomh-oifis Comhairle Siorrachd Àir an Ear
Rathad Lunnainn
Cill Mheàrnag
KA3 7BU
Fòn: 01563 576000
Post-d: communityplanning@east-ayrshire.gov.uk